

Oran le Uilliam Mac Coinnich,  
*Do ninghein Choinnich ruaidh mhic fir no  
Comraich.*

Marbhrann Mhic-'ic-Ailein, le Niall  
Mac Mhuirich.

Dhordaicheadh a mach fear beairte.



Printed for and Sold by the Publisher, Inverary.

ORAN le Uilliam Mac Coinnich, do ninghein  
Choinnich ruaidh mbic fir no Comraich.

Sciannail m' aigne o 'n mhaduinn,  
Ghabh mi cead do 'n rioghuinn,  
Ti comh-taitneach riut cha 'n fhaic mi  
Ann an dreach no fiamhachd;  
Bu thrian do m' lòn do bhriathribh belòil,  
A' teachid mar cheòl a sìoth-bhrùth,  
'S an t'èirc atà ad' hhraighe bàn,  
A thaisg mo ghradh gu dìomhair.

Ciochan corach, linte soluis,  
Air do bhroilleach rèth gelan;  
Do sheang-shlios fallain mar an eala,  
No mar chanach slèibhe;  
Bas ionmhuinn chaoim nan geal mhear caul,  
A' dealbh na'n craobh' air pèurlainn,  
'S tu falai glic do chiall gu 'n tig,  
Air diamhaireachd nan reultan.

Do bhràighe gle-gheal mar ghath grèine;  
T'aghaigh reith ghlan mhòthar;  
Tiunnal t'èug'ais 's tearc ri fhèatuinn,  
Gur tu reul nan òighean;

Gur bachlach, dualach, casbhui, cuachach,  
 T' fhait ma'n cuairt an òrdugh;  
 'S ann tha gach ciabh mar fhàinn air sniamh,  
 'S gach aon air fiamh an oir dhiubh.

Nigheìn aingil na 'n rosg malla,  
 'S na'n gruaidh glana narach;  
 Dà shùil ghorin meallach, fuidh d' chaol mbala,  
 'S gach aon a' mealladh graidh dhiubh;  
 Tha maise ad ghuuis, gun easbhui mùirn;  
 Beul meachair ciùin ni mànràn;  
 Do bhriodal caomh, 's do loinn maraon,  
 A rinn mo ghaol sa shàradh.

Corp seamhai bàn, choimh-liònas gràdh  
 Gach tì a tharadh iul ort;  
 'S ann na do shauagh, to'irt bàr air sluagh,  
 'S tu 'n ainneir sùairce cliuiteach;  
 Do dheas chalpannan ro dhealbhadh,  
 Gun bhi' meanbh no dùmbail;  
 Troigh chruinn chòmhnart dh' fhalbhas mòthar,  
 Nach dean feòirn' a lùbadh.

Coimh ghlan is thù 's neo-shoilleir dhùinn,  
 Mar ghéallach thu 'n tùs eiridh;  
 Beul dearg mùint' 's anail chùhhrhidh,  
 'S tiànnal u do Venus.  
 'S e chrùn do thlachd de deud mùirn mar chaillo,  
 Air a dlutha ceart ri cheile,  
 O'n tig an t oran, eatrom ceolmhor,  
 Mar an smeoroch cheitein.

O thlath nan dùl tùs rath' fhuair thu,  
 Bhi midhail, ciùin gun àrdan;  
 Tha iochd us cliu, us loinn, us muirinn  
 Air a' glaothadh dlù ri d' nàdur;  
 'S tu air do bhuaib a freamh nam buagh,  
 Do 'n treun fhuil uasail statail;  
 Thu fialaidh pailt an gnìomh san tlachd,  
 'S do chiall coi-streip re t àilteachd.

Os cionn t àilteachd riamh cha tàinig  
 Gnùis o laimh na trianaid;  
 Gur soilleir dhuinn, 'n uair rinneadh thu,  
 Nach rabh' na Dùilin diamhain;  
 Ur rìghin thla 's ro rioghail gna's,  
 Do dhìlsean graidh tha lìon'ar;  
 A gheug nam buagh, ge cian mi bhuaib,  
 Na geillse chluain luchd mìo-ruin.

Mi cian o d' chaidreadh, 's buan dhamh fhaidid,  
 Dh' fhàg sùd m' aigne pianail;  
 Osnadh ghna gun fhois gun tamh,  
 A fhrois gach blàth do m' fhion-fhuil.  
 'S e bàrosnaich deoir 's a chlaoidh mo threòir  
 An rìoghunn òg so thriall bhuaib;  
 'S tu 's trom a dh' fhag mi, oigh mo ghraidh,  
 Le d' bhron 'ta mi cianail.

---

MARBHRANN Mhic-'ic-Ailein, le Niall Mac  
 Mhuirich.

**O**CH a mhuire me dhunaidh,  
 Thu bhi' ad shineadh air t uilinn,  
 'N tigh mòr mhorair Drumad,  
 Gun ar dùil re d' theachd tuille.

Le failte no le furan,  
 Dh' fhios na dùcha da'm buineadh,  
 A charadh jarla' choig Ullaidh,  
 'S goirt le ceannard fir Mhuile do dhìol.  
 'S goirt le ceannard, &c.

Dh' fhalbh Domhnall nan Domhnuill,  
 'S an Raonull a b' òige,  
 'S mac-'ic Alastair Chnòideart,  
 Fear na misniche mòire,  
 Dh' fheuch am beircadh iad beò ort,  
 Cha ro'n sud dhoibh ach goraich,  
 Feum cho rabh dhoibh na'n toireachd,  
 'S ann a fhuair iad do chombradh gunchid.  
 'S ann a fhuair iad, &c.

Mo chreach mhor mar a thachair,  
 'S è chuir tur stad air m' aiteas,  
 T' fhuil mhoralach reachdar,  
 Bhi' air bòcadh ad chraichdean,  
 Gun seol air a casgadh,  
 Bu tu rìgh nam fear feachda,  
 A chum t onoir is t fhacal,  
 'S cha do phill thu le gealtachd a nìos.  
 'S cho do phill, &c.

Mo cheist Ceandard Chlann Raonull,  
 Aig am biodh na cinn-sheadhnaidh,  
 Na fir ur air dheagh fhaoghium,  
 Nach iaradh do'n t saoghal,  
 Ach airm agus aodach,  
 Le 'n cuilio-bhaire caola,

Sheasadh fad air an aodainn,  
 Rinn iad sud us cha d' fhead iad do dhion.  
 Rinn iad sud, &c.

'S mor gair Ban do chinnidh,  
 O'n a thòisich an iomairt,  
 An sgeul fhuair iad chuir tiom oir,  
 T' fhuil chraobhach a' sìleadh,  
 'S i dortadh air mhìre,  
 Gun seol air a pilleadh,  
 Ge d' tha Raonull ad ionad,  
 'S mor ar call ge do chinneadh an riogh.  
 'S mor ar call, &c.

'S trom puthar na luaidhe,  
 'S goirt 's gur cuthann a bùaladh,  
 Nach do ruith i air t-uachdar,  
 'N uair a dh' iuttraich iad uath thu,  
 Thug do mhuintir gair cruaidh asd,  
 Ach 'se ordogh a fhuair iad,  
 Ceum air 'n aghai le cruadal,  
 'S a bhi leantail na ruaig air a druim.  
 'S a bhi leantail, &c.

Dheagh mhic Ailein mhic Jain,  
 Cha robh leithid do thaighe,  
 Ann am Breatunn re fhaighin,  
 Tigh mor fiughantach fathail,  
 'M bu mhor sugradh le h aidhear;  
 Bhiodh na h uaislean ga thathaich,  
 Rinn iad cuimse air dò chaitheamh,  
 Ann an toineach an Iatha dol sìos,  
 Ann an toiseach, &c.

'S iomad' gruagach us breideach,  
 Eadar Hibhist us Sleibhte  
 Chuaidh am muthadh ma d' dheibhinn,  
 Luidh small air nà speurabh,  
 Agus sneachd air na geugan,  
 Ghuil eanlaidh an t sleibhe,  
 O'n la chual iad gu 'n d'eug thu,  
 A cheànn uidhe na'n ceud bu mhor pris.  
 A cheànn uidhe, &c.

Gheibhte ad bhaile ma f heasgar,  
 Smuid mhor 's chà b' e 'n greadan,  
 Fir ur agus fleasgaich,  
 A' losgadh sudair le beadradh,  
 Cuirn a's cupaichean breaca,  
 Piosan oir air an deiltreadh,  
 'S cho b'ann falabh a gheibht iad,  
 Ach gach deoch mar bu neartaire brigh,  
 Ach gach deoch, &c.

'S iomad clogaid us tàrgaid,  
 Agus claidheamh cinn airgid  
 Bhiodh mar coinnibh air ealachainn,  
 Dhomhsa b' aithne do sheanchas,  
 Ge do b' f harsuinn re leanmhuinn,  
 Ann an eachdraidh na h albunn,  
 Raonuill oig dean beairt ainmeil,  
 O'n bu dual duit a leanmhuinn mar ghiomh.  
 O'n bu dual, &c.

'S cha bu lothagan cliata,  
 Gheibht a'd' stapuill ga 'm biathadh,  
 Ach eich chruidheach shrìanach  
 Bhiodh do mhiolchoin air iallabh,

Siad a' feathadh ri fiaghach,  
 Ann sna coireinibh riathach,  
 Se mo chreach nach do liath u;  
 Ma 'n tainig teachdair ga d' iaraidh o'n Rìogh.  
 Ma 'n tainig, &c.

*Dhordaich eadh a mach fear beairte*

**S**UIDHEADH toitear-laoch garbh Dheideach,  
 An glaic beairte,  
 A bhios staideil làn do churam,  
 Gram glachd mhor;  
 Leigeas cudthrom air ceann slaithe,  
 Re h am chruaidhaich,  
 D' fhaothaichis air crann 's air achdrina,  
 Bheir dhoibh fuasgla.  
 'Thuigeas a ghaoth mar a thig i,  
 Do reir soladh,  
 Fhreasgras min le fearas beairte,  
 Bèim an soid fhir;  
 Sior chuideacha leis n acfuinn,  
 Mar a faillich buill bheairte,  
 Reamhar ghaoisid.

**CRIOCH.**